

RIONNAG CHAILLTE

ÀRD ÌRE

Mion-Sgrùdadh agus Luachadh

AIR FHOILLSEACHADH LE ACAIR EARRANTA



NOTAICHEAN LUCHD-TEAGAISG

An Leabhar agus an t-Aonad

Bhiodh e freagarrach do sgoilearan *Rionnag Chailte* a leughadh anns a' chlas agus aig an taigh. A bharrachd air a bhith ga leughadh, bhiodh e buannachdail do sgoilearan èisteachd ri Ailig O' Henley ag aithris gach caibideil (cluinnear seo air làrach-lìn Stòrlann).

Bhiodh e feumail uaireannan toirt air sgoilearan a bhith ag èisteachd gun a bhith a' leughadh. Bheir an t-ullachadh seo taic agus misneachd dhaibh nuair a nì iad am measadh èisteachd aig deireadh an aonaid. Tha dà ghoireas èisteachd eile againn a bhiodh feumail do sgoilearan: prògram a rinn Ailig O' Henley airson *BBC Radio nan Gàidheal* mu Chalum Dòmhnullach agus agallamh a rinn Stòrlann ri Ailig O' Henley. Cluinnear iad seo air làrach-lìn Stòrlann.


Tha ceistean air an cur mu choinneamh gach caibideil anns an aonad seo. An dèidh dha na sgoilearan an leabhar air fad a leughadh, dh'fhaodadh gum bi iad a' taghadh leirmheas a sgrìobhadh air an fhèin-eachdraidh mar mheasadh sgrìobhaidh. Bheir na freagairtean do cheistean gach caibideil taic dhaibh ann a bhith a' sgrìobhadh an lèirmheis seo. Tha e mar sin glè chudromach gum bi na ceistean seo air an deagh fhreagairt.

Leis gu bheil trì caibideilean deug anns an leabhar seo (agus *Facal Toisich is Ro-ràdh*), bhiodh e iomchaidh aig amannan na ceistean a fhreagairt tro chòmhchradh bhuidhnean seach a bhith ag iarraidh air sgoilearan freagairtean a sgrìobhadh airson gach caibideil. Tha stoidhle nan ceistean a' freagairt air an àrd ire uir agus a' dèiligeadh ris na leanas:

- rannsachadh
- suidheachadh
- ball-coise
- caractaran
- inferens
- cànan
- adhbhar

Bu chòir do sgoilearan cuimhneachadh gu bheil an SQA an dùil gum bi iad a' cleachdadadh fianais às an teacsá agus a' cleachdadadh am faclan fhèin cho fad 's a ghabhas aig an ire seo.

Tha e cudromach gum bi sgoilearan a' togail briathrachas ùr fhad 's a bhios iad a' leughadh leabhraichean den ire seo. Tha liosta de flaclair a tha buailteach a bhith doirbh a' nochdadadh aig deireadh gach caibideil. Dh'fhaodadh gum bi sgoilearan eòlach air cuid dhiubh seo – cha leig iad a leas brigh nam faclan seo a sgrìobhadh. Mholadh sinn (nuair nach eil iad eòlach air facal) gum feuch iad an toiseach ri ciall an fhacail obrachadh a-mach bhon cho-theacsá – 's e sgil uabhasach feumail a tha seo. Mura bi e comasach dhaibh sin a dhèanamh, bu chòir dhaibh *Faclair na Sgoile* a chleachdadadh agus brigh an fhacail ionnsachadh.



Measadh aig Àrd Ìre

Chithear gu bheil measaidhean-aonaid Àrd Ìre an cois an aonaid. Bhathas den bheachd gum biodh e iomchaidh an leughadh a dhèanamh leteach-slighe tron leabhar (Caibideil a Seachd). Tha measaidhean èisteachd (geàrr-chunntas de Chaibideil 13), sgriobhaidh agus labhairt aig deireadh an aonaid. Tha diofar roghainnean air an toirt dha na sgoilearan airson a' mheasaidh-sgriobhaidh agus a' mheasaidh-labhairt.

Dh'fhaodadh gum bi na deuchainnean aig deireadh an aonaid freagarrach mar mheasaidhean foirmeil Àrd Ìre. Gheibhear 'Judging Evidence tables' an cois an aonaid. Feumar cuimhneachadh gur e dleastanas na sgoile fhèin iarraidh air an SQA breithneachadh a dhèanamh air measaidhean a tha gu bhith air an cleachdadhbh mar fhianais gu bheil sgoilearan air ire shònraichte a choileanadh.

Measadh aig Àrd Ìre Adhartach

Bhiodh Rionnag Chaillte cuideachd freagarrach mar theacsa litreachais aig Àrd Ìre Adhartach agus ghabhadh measaidhean-aonaid stèidheachadh air. Airson tuilleadh stiuiridh air a seo, bu chòir do thidsearan sùil a thoirt air na diofar mheasaidhean-aonaid a tha an SQA air fhoillseachadh airson na h-ire seo.

Chithear gu bheil obair-leudachaiddh (eadar-theangachadh) an cois an aonaid airson sgoilearan Àrd Ìre Adhartach. Bidh seo feumail dhaibh leis gu bheil eadar-theangachadh mar phàirt den chùrsa seo.

Bhiodh an leabhar cuideachd freagarrach a thaobh na deuchainn a bhios mu choinneimh oileanaich aig deireadh na bliadhna. Tha cothrom aig oileanaich lèirmheas a dhèanamh air rosg neo-fhicsean anns an roinn litreachais:

"Tha rosg neo-fhicsean tric a' sealtainn an strì a tha aig mac an duine." Airson pìos(an) neo-fhicsean seall gu mionaideach mar a tha seo fior agus mar a rinn an sgrìobhadair seo follaiseach.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir, fiosrachadh, beachdan, sealladh, stoidhle, cànan, structar . . . (Pàipear eisimpleir SQA, Àrd Ìre Adhartach)

Bhiodh e feumail do sgoilearan Àrd Ìre Adhartach notaichean a chumail air an fhiorsrachadh agus na feartan as inntinniche dhan do mhothaich iad san leabhar – bheir seo taic dhaibh ann a bhith a' cruthachadh aiste.

FACAL-TOISICH



Rannsachadh

1. Dèan beagan rannsachaidh air an eadar-lìon mu Bhrian Wilson, an neach a sgriobh Facal-Toisich an leabhair seo.

Cànan/Caractar

2. ‘Tha a’ chuid as mothà againn ... air ar cumadh leis an àrach a fhuair sinn a’ tòiseachadh sa chreathail.’

Le bhith a’ coimhead air a’ chòrr den earrainn,

- a. inns dè bha an sgrìobhadair a’ ciallachadh agus
- b. mar a bha seo fior na bheatha fhèin. (Du. v, earr. 1)

Ball-coise

3. Carson a tha e nas phasa cuimhne a chumail air sgiobaidhean an latha an-dè seach sgiobaidhean an latha an-diugh? (Du. v, earr. 2)
4. Thoir seachad eisimpleir air an dòigh shìmplidh anns an robh Celtic uaireigin air a ruith. (Du. v, earr. 3)

Caractar

5. Dè an fhianais a th’ ann gur e cluicheadair sònraichte a bh’ ann an Calum Dòmhnaillach. (Du. v, earr 4 - 5)
6. Dè a’ phuing as cudromaiche, nad bheachd-sa, a rinn Bob Crampsey mu Chalum Dòmhnaillach? (Du. vi, earr. 2- 3)
7. Carson a rinn Brian Wilson iomradh air Uibhist a Deas agus na h-Eileanan an Iar? (Du. vi, earr. 4)



Beachdachadh/Ball-coise

8. Dè an ire aig an robh ball-coise na h-Alba aig an àm a bha Calum Dòmhnullach na mhanaidsear air Cille Mheàrnaig? (Du. vi, earr. 5)

Adhbhar

9. Dè an dòchas a bh' aig Brian Wilson a thaobh an leabhair seo? (Du. vi, earr. 7)

Feuch ri na faclan/na h-abairtean seo a mhineachadh le bhith a' sgrùdadadh a' cho-theacsa anns a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|--------------|-----------|-------------------------------------|
| Duilleag v: | Earrann 1 | riochd luaidh iomraiteach |
| | Earrann 4 | coileanta iol-chomasachd |
| Duilleag vi: | Earrann 1 | aithne |
| | Earrann 3 | stòlda |
| | Earrann 5 | 'S d' fhiach (uaireannan 'S fhiach) |
| | Earrann 6 | nas deatamaiche |
| | Earrann 7 | urramach |



Rannsachadh

1. Dèan beagan rannsachaidh air an eadar-lòn mu Ailig O' Henley, ùghdar an leabhair seo. Thoir geàrr-chunntas air.

Adhbhar

2. Thoir geàrr-chunntas air na h-adhbharan a thug air Ailig an leabhar seo a sgriobhadh. (Du. vii)

Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùudadh a' cho-theacsa anns a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|---------------|-----------|-----------------------------------|
| Duilleag vii: | Earrann 2 | cliù |
| | Earrann 3 | freumhaichean iriosal |
| | Earrann 4 | cathraiche àmhghair lainnir |



Àrd Ìre Adhartach

Leugh an aithisg a leanas agus eadar-theangaich píos dhith dhan Ghàidhlig.

<http://www.whfp.com/2013/10/11/forgotten-star-of-south-uist-and-celtic/>

CAIBIDEIL 1: BHO UIBHIST A DEAS GU GARNGAD

Caractar

1. Thoir geàrr-chunntas air teaghlaich Chaluim.
(Du. 1, earr. 1)

Suidheachadh

2. a. Cò ris a bha Garngad coltach?
(Du. 1, earr. 3 gu Du. 2, earr. 3)
- b. Thoir geàrr-chunntas air na trioblaidean
sòisealta a bha anns a' Gharnagad.
(Du. 1, earr. 3 gu Du. 2, earr. 3)

Cànan

3. "S e tobar nàdarra a bh' ann." (Du. 1, earr. 4)

Le bhith a' togail air an earrainn seo, mìnich
am meatafor agus seall mar a bha e fior.

Suidheachadh/Caractar

4. a. Dè bha cudromach do dh'òigridh
ann an Garngad agus carson?
(Du. 2, earr. 4)
- b. Minich a' bhuaidh a bh' aig
a seo air Calum.

Cànan/Caractar

5. 'Cha b' e ruith ach leum... .'
(Du. 2, earr. 5)

Le bhith a' togail air an earrainn seo,
dè tha na faclan seo ag innse
dhuinn mu Chalum.

Caractar/Beachdachadh

6. a. Dè am priomh fhiosrachadh a tha Iain
Mac a' Ghobhainn a' toirt dhuinn a
thaobh mar a bha Calum na òige?
(Du. 2, earr. 6)
- b. Dè tha sinn ag ionnsachadh bho Ruairidh
Mac a' Phearsain mun t-seòrsa duine a
bh' ann an Calum?
(Du. 2, earr. 8 - Du. 3, earr. 1)



Caractar

7. Dè an ire eòlais a bha aig Calum mu Celtic
mus do chluich e dhaibh agus carson a bha
seo? (Du. 3, earr. 2 - 4)

Feuch ri na faclan/na h-abairtean seo a mhìneachadh
le bhith a' sgrùedadh a' cho-theacsa anns a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh,
cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|-------------|-----------|---|
| Duilleag 1: | Earrann 1 | tha mi an amharas |
| | Earrann 2 | gibhteán an dà-sheallaidh |
| | Earrann 3 | fàidheadaireachd an dàn a liuthadach ciùrd |
| | Earrann 4 | mar chomharra air ghoil |
| Duilleag 2: | Earrann 1 | dòmhlichadh |
| | Earrann 3 | truailleadh bitheanta iomairt |
| | Earrann 4 | comhaoisean inbhe cnap-starra |
| | Earrann 6 | seileastar a' gleusadh |
| Duilleag 3: | Earrann 2 | a' toirt fa-near riarachte luach saoghalta |
| | Earrann 4 | fäl |

CAIBIDEIL 2: A' DOL GU CELTIC



Cànan

1. 'Mar chlach às an adhar... .' (Du. 4, earr. 1)

Le bhith a' togail air an earrainn seo, dè tha na faclan seo seo ag innse dhuinn mu shuidheachadh Chaluim?

Caractar/Ball-coise

2. Carson a bha Calum a' frithealadh sgoil ann am Pàislig seach sgoil ann an Garngad? (Du. 4, earr. 2)
3. Dèan geàrr-chunntas air cho soirbheachail 's a bha toiseach-tòiseachaidh Chaluim aig Celtic. (Du. 4, earr. 4 – Du. 5, earr. 1)
4. Inns dè an seòrsa cluicheadair a bh' ann an Calum. (Du. 5, earr. 3)
5. Inns, nad fhaclan fhèin, na beachdan a bh' aig Glen Daly air Calum. (Du. 5, earr. 4 – earr. 7)

Suidheachadh

6. Inns mar a bha Glaschu air a sgaradh agus a' bhuaidh a bha aige seo air ball-coise aig an àm. (Du. 5, earr. 6 – earr. 7)

Cànan/Caractar/Beachdachadh

7. '... leig e le chomas a chuid bruidhinn a dhèanamh' (Du. 6 earr. 1)

Dè tha na faclan seo seo ag innse dhuinn mu Chalum?

Cànan/Suidheachadh/Ball-coise

8. 'Bha bochdainn 's cion cosnaidh nan 1920an air a bhith mar shambla air mar a bha Celtic air cluiche' (Du. 6 earr. 2)

Le bhith a' togail air an earrainn seo, seall mar a tha an samhla seo freagarrach ann a bhith a' nochdadh suidheachadh Celtic aig an àm.

Suidheachadh/Ball-coise

9. Dèan geàrr-chunntas air na tachartasan a chuir bacadh air Celtic aig toiseach nan tritheadan. (Du. 6 earr. 3 - 4)

Feuch ri na faclan/na h-abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsann a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|-------------|-----------|-----------------------------------|
| Duilleag 4: | Earrann 3 | gairm |
| Duilleag 5: | Earrann 3 | air ceann a' ghnothaich cuimseach |
| | Earrann 5 | sgaraidhean an impis |
| | Earrann 6 | tost nimheil |

CAIBIDEIL 3: MALKY AGUS MALEY



Ball-coise/Caractar/Beachdachadh

1. Mìnich carson a chaidh Calum a chur dhan loidhne-dhòn airson a' chiad dà sheusan aige aig Celtic. (Du. 7, earr. 1)

Caractar: Willie Maley

2. a. Thoir geàrr-chunntas air carson a bha Willie Maley air fhaicinn mar 'Mr Celtic'.
(Du. 7, earr. 2 - 3)
- b. Dè na laigsean a bh' ann an caractar Willie Maley? (Du. 7, earr. 4 - 5)

Caractaran: Calum agus Willie Maley

3. Seall nach robh càirdeas fallain eadar Calum agus am manaidsear.
(Du. 8, earr. 2 - 3 & earr. 6)

Cànan/Caractaran

4. a. Lorg na faclan a tha ag innse carson nach bu toigh le Calum Willie Maley.
(Du. 8, earr. 7)
- b. Carson, gu sònrachichte nach robh spès aig Calum do Willie Maley?
(Du. 8, earr. 8 - Du. 9, earr. 1)
- c. Carson a shaoil Calum nach robh Willie Maley dèidheil air? (Du. 9, earr. 2 - 3)

5. a. Thoir dà eisimpleir a tha a' nochdadhbh taobh eile ann an nàdar Maley.
(Du. 9, earr. 1 - 2)
- b. Inns mar a dh'atharraich beachd Chaluim air Maley às dèidh do Mhaley a dhreuchd fhàgail. (Du. 9, earr. 3)

Feuch ri na faclan/na h-abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùedadhbh a' cho-theacsann a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|-------------|-----------|----------------------|
| Duilleag 7: | Earrann 1 | furachail |
| | | cunbalach |
| | | frionasach |
| | Earrann 2 | rùnaire |
| | | do-chreidsinneach |
| | Earrann 3 | faobhar |
| | Earrann 4 | tosgaire |
| | | deachdaire |
| | | stràiceil |
| | | mulad |
| | | doilgheas |
| | | spiocach |
| Duilleag 8: | Earrann 2 | clisgeadh |
| | Earrann 3 | feannadh |
| | Earrann 4 | toirmseasg |
| | Earrann 6 | nam àrainn |
| | Earrann 7 | a dh'aona-ghnothaich |
| Duilleag 9: | Earrann 4 | bunait |
| | | feallsanachd |
| | | dreuchd |
| | | obair lannsa |
| | Earrann 6 | na cronaichean srian |

CAIBIDEIL 4: AN LÙIB NAN GILLEAN MÒRA



Ball-coise

1. a. Inns dè cho soirbheachail 's a bha Celtic anns a' chìad sheusan aig Calum.
(Du. 10, earr. 1)
- b. Dè an ire chun an do rinn Calum fhèin adhartas air a' bhliadhna sin?
(Du. 10, earr. 2)

Ball-coise/Beachdachadh/Cànan

2. a. Dè am poileasaidh a bh' aig Celtic a thaobh chluicheadairean òga mus tainig Calum gu Celtic? (Du. 10, earr. 3)
- b. Mìnich mar a tha fios agad gu bheil Ailig O'Henley den bheachd gur e droch phoileasaidh a bha seo. (Du. 10, earr. 3 - 4)

Caractar/Beachdachadh/Cànan

3. a. Inns mu na diofar dhòighean anns am faodadh sinn beachdachadh air ire thuarastail Chaluim (dà not san t-seachdain).
(Du. 10, earr. 5)
- b. '... a' toirt sealladh dhuinn air an seòrsa duine a bh' air cùl a' chluicheadair ...'
(Du. 10 earr. 5)

Le bhith a' togail air earrannan a còig agus a sia, seall dè an seòrsa duine a bh' ann an Calum.

Caractar/Cànan/Ball-coise

4. 'Tha d' aire air a tarraig gu iol-chomasachd Chaluim.' (Du. 11 earr. 1)

Le bhith a' togail air an earrainn, mìnich an abairt seo.

Caractar/Ball-coise

5. a. Thoir geàrr-chunntas air beachd *The Man in the Know* air Calum.
(Du. 11 earr. 2 - 3)
- b. Seall gun robh beachdan eile aig luchd-naidheachd eile mu Chalum mar chluicheadair ball-coise.
(Du. 11 earr. 4 - 5)
- c. Carson a tha Ailig den bheachd gun robh na beachdan seo ann? (Du. 11 earr. 4 - 5)

CAIBIDEIL 4: AN LÙIB NAN GILLEAN MÒRA



Ball-coise

6. Dè an seòrsa stoidhle-cluiche air an robh Celtic ag amas aig an àm agus seal mar a bha na cluicheadairean ga leasachadh?
(Du. 11 earr. 6 - 7)

Caractar/Ball-coise

7. Inns dè bha annasach mu chomas Chaluim mar chluicheadair dion. (Du. 12 earr. 3 - 5)
8. Dè cho soirbheachail 's a bha Calum agus Celtic anns an t-seusan 1934/35?
(Du. 12 earr. 6)

Cànan/Beachdachadh/Ball-coise

9. 'Ach airson fior ealantachd bha an Dòmhnaillach ann an clas leis fhèin. ... Tha e na chomharra air a charaidean ... nach tainig dad dhe gu buil le tadhal.'
(Du. 12 earr. 6 - Du. 13 earr. 1)

Mìnich dè am beachd a bh' air cùl na sgriobh 'ALLWILL'.

Ball-coise

10. Thoir geàrr-chunntas air na thachair eadar deireadh seusain 1934/35 agus toiseach seusain 1935/36. (Du. 13 earr. 2 - 3)

Feuch ri na faclan/na h-abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsann a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|--------------|-----------|---|
| Duilleag 10: | Earrann 2 | uallach |
| | Earrann 4 | stiùiriche buil dileab priomhachas |
| | Earrann 5 | furachail |
| Duilleag 11: | Earrann 2 | mionnaichte |
| | Earrann 3 | còmhrag |
| | Earrann 4 | tapachd |
| | Earrann 5 | àr-a-mach |
| | Earrann 6 | cnag na cùise struidheasach cuimseach |
| Duilleag 12: | Earrann 3 | ceann a' mhaide a chumail ri ... adhachail a' cur a' chuthaich air ... |
| | Earrann 5 | bigearachd coimheaspadh foghaeinneach deuchainneach toinisgeil |
| | Earrann 6 | ealantachd |
| Duilleag 13: | Earrann 1 | innleachdail |
| | Earrann 3 | lorgan ceatharnaich |

CAIBIDEIL 5: OBAIR-LANNSA, AN TIOTAL AGUS SALIM



Cànan/Beachdachadh

1. 'B' e àireamh a bh' ann a bhiodh an dà chuid na bheannachd agus na mhallachd dha.'
(Du. 14, earr. 1)

Le bhith a' togail air an earrainn seo, beachdaich air na tha Ailig ag innse dhuinn mun ghluasad a rinn Calum gu *inside-left*.

Caractar

2. a. 'chuir na thachair do Chalum sgleò air an latha ...' (Du. 14, earr. 3)

Le bhith a' togail air an treas agus a' cheathramh earrainn, mìnich carson a bha Calum ann an droch shuidheachadh.

- b. Dè a' bhuaidh a bh' aig an obair lannsa air Calum? (Du. 14, earr. 5)
- c. Thoir geàrr-chunntas air na priomh phuingean a thog an t-Ollamh Gordon MacAoidh mu na cunnartan a bha an lùib a bhith a' dol fon lannsa anns na tritheadan agus mu mar a chaidh do Chalum. (Du. 15, earr. 1)

Ball-coise

3. Inns mar a chaidh do Celtic fhad 's a bha Calum air a leòn. (Du. 15, earr. 1 - 3)

Caractar

4. Le bhith a' cleachdadh fianais às na h-earrannan seo, inns dè cho furasta 's a bha e do Chalum faighinn seachad air mar a chaidh a leòn. (Du. 15, earr. 5 - Du. 16, earr. 2)

Caractar: Salim

5. Thoir geàrr-chunntas air Salim agus an ùine ghoirid a bh' aige aig Celtic.
(Du. 16, earr. 3 - Du. 17, earr. 2)

Caractar/Cànan/Beachdachadh

6. 'Ach, mar a tha an seanfhacal ag ràdh, tha an uair is duirche ro ghlasadh an latha.'
(Du. 17 earr. 4)

Beachdaich air carson a chleachd an sgrìobhadair an seanfhacal seo aig deireadh na caibideil.

Feuch ri na faclan / abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùedadh a' cho-theacs a anns a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|--------------|-----------|--------------------------|
| Duilleag 14: | Earrann 1 | mallachd |
| | Earrann 2 | bun-stèidh |
| | | obair lannsa |
| | Earrann 6 | lighiche-spòrs |
| Duilleag 15: | Earrann 1 | galair |
| | | a' cnàmh |
| | Earrann 2 | saothair |
| | | seòltachd |
| | Earrann 7 | ionnsaighean |
| Duilleag 16: | Earrann 2 | a' dubhadh a-mach |
| | Earrann 4 | lachanaich |
| | | ospagan |
| | | cuarain air an suaineadh |
| Duilleag 17: | Earrann 2 | tairgse |
| | | dilleachdain |
| | | fiathachadh |
| | Earrann 3 | dibhearsain |
| | Earrann 4 | cliùiteach |

CAIBIDEIL 6: IUBALAIÐH ÒIR AGUS GLÒIR AN TAISBEANAIÐH



Ball-coise

- Dè an dà rud a bha gu bhith sònraichte mun t-seusan ùr? (Du. 18, earr. 1)

Caractaran

- Thoir geàrr-chunntas air mar a chaidh sgioba Celtic a lagachadh às dèidh dhan t-seusan ùr töiseachadh. (Du. 18, earr. 2 - 3)

Ball-coise

- Dè an fhianais a th' anns an leabhar nach robh cùisean rèidh eadar stiùirichean Celtic agus an luchd-leantainn? (Du. 19, earr. 1)

Ball-coise/Beachdachadh

- Leugh an treas earrann air duilleag 19 a-rithist. Dè tha an earrann seo a' nochdadh dhuinn a thaobh mar a bha cumhachd a' bhuill-coise a' gluasad eadar dà sgioba mhòr Ghlacach?

Caractar/Beachdachadh

- Le bhith a' beachdachadh air duilleag 18 agus 19, seall dè na beachdan a th' aig Ailig O'Henley air Willie Maley.

Suidheachadh

- Thoir geàrr-chunntas air amasan Taisbeanadh na h-Ìmpireachd agus na thachair aig an taisbeanadh ann an 1938. (Du. 20, earr. 2 - 3)

Ball-coise/Beachdachadh

- 'Chriochnaich an gèam gun tadhail às dèidh ùine a bharrachd.'

Seall mar a tha diofar mòr eadar mar a bha a' tachairt ann an geamannan cupa an uair sin agus mar a bhios a' tachairt san latha an-diugh. (Du. 20, earr. 4)

Ball-coise/Cànan

- Seall mar a tha an sgriobhadair a' cleachdadhbhàin gu sgileil gus aithisg shoirbheachail a thoirt dhuinn air a' chuairt dheireannaich. Dh'fhaodadh tu togail air taghadh-facail, iomhaigheachd, fiosrachadh inntinneach, ... (Du. 20, earr. 6 - Du. 21, earr. 4)

CAIBIDEIL 6: IUBALAIDH ÒIR AGUS GLÒIR AN TAISBEANAIDH



Caractar

9. Inns mu na diofar bheachdan a tha a' nochdadh: (*Du. 21, earr. 4*)
a. sgioba Celtic a bhuanach Cuach na h-Ìmpireachd agus
b. Calum fhèin.

Caractar/Cànan

10. Seall mar a rinn John Cairney feum de dh'iomhaigheachd gus a bheachd a thoirt air Calum mar chluicheadair. (*Du. 21, earr. 5*)

Caractar

11. Dè cho math 's a bha Calum ann am beachd Glen Daly? (*Du. 21, earr. 6 - Du. 22, earr. 2*)

Suidheachadh

12. Leugh a-rithist an earrann mu dheireadh de Chaibideil 5 agus an earrann mu dheireadh de Chaibideil 6. Dèan coimeas eatarra.

Feuch ri na faclan/na h-abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùedadh a' cho-theacsann a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd *Faclair na Sgoile* gus do chuideachadh.

| | | |
|--------------|-----------|---|
| Duilleag 18: | Earrann 2 | caochlaideach ruaig |
| | Earrann 3 | sannt |
| | Earrann 4 | nimheil |
| Duilleag 19: | Earrann 2 | càineadh |
| | Earrann 3 | bha iad air am mòr-mhealladh |
| | Earrann 4 | calg-dhìreach an aghaidh |
| | Earrann 5 | dioghaltais liodraigeadh suarach laoch |
| Duilleag 20: | Earrann 1 | na fiosaicichean dubha |
| | Earrann 2 | malairt fo shàil gun cheansail |
| | Earrann 4 | dile bhàthte |
| Duilleag 21: | Earrann 1 | crann-tarsainn |
| | Earrann 2 | buachailleachd chùm Celtic ceann a' mhaide ri ... |
| | Earrann 3 | greadhnachas |
| | Earrann 4 | coileanta gun smàl |
| | Earrann 5 | neach-ciùird àrdan |
| Duilleag 22: | Earrann 3 | mòr-chùiseach |
| | Earrann 4 | seòltachd |
| | Earrann 5 | mac-samhail |
| | Earrann 5 | gath |

CAIBIDEIL 7: 'HAT-TRICK' AN AGHAIDH RANGERS AGUS SGÒTHAN COGAIDH

Tha am measadh seo airson an Aonaid agus nam Builean a leanas:

Gàidhlig: Mion-sgrùdadadh is luachadh
(An Àrd Ìre) — leughadh

Buil 2

Bidh thu:

2 A' tuigsinn, a' mion-sgrùdadadh is a' luachadh
tro sgiobhadh mionaideach is toinnte
Gàidhlig le bhith:

2.1 A' sònrrachadh is a' mineachadh an adhbhair
is an luchd-leughaidh, freagarrach don ghnè
teacsa

2.2 A' sònrrachadh is a' mineachadh nam prìomh
bheachdan is nam mion-phuingean taiceil

2.3 A' cleachdadadh eòlas is tuigse cànan
airson brìgh is buaidh a mhineachadh ann

an doimhneachd agus gu mionaideach, le
briathrachas sgrùdach freagarrach

Innsidh an neach-measaidh dhut dè tha agad ri
dhèanamh agus ciamar a nì thu e.

Airson a bhith soirbheachail anns a' mheasad
seo, feumaidh tu:

- Tuigse, Mion-sgrùdadadh agus Luachadh a
shealltainn air teacsa a tha sgriobhte, ann
an co-theacsa litreachais.

CAIBIDEIL 7: 'HAT-TRICK' AN AGHAIDH RANGERS AGUS SGÒTHAN COGAIDH

Leugh Caibideil 7 ('Hat-Trick' an aghaidh Rangers agus Sgòthan Cogaidh).

Freagair na ceistean a leanas. Cho tric is as urrainn dhut, bu chòir dhut na faclan agad fhèin a chleachdadh nad fhreagairtean.

Suidheachadh

1. Mìnich carson nach robh cùisean rèidh aig Celtic aig toiseach seusan 1938-39.
(Du. 23, earr. 1)

Ball-coise/Cànan

2. *Bha diomhaireachd mu na pàtrain bhrèagh a bha iad a' sniomh ...*
(Du. 24, earr. 1)

Le bhith a' togail air a' cho-theacsa, mìnich brìgh an t-seantans seo.

Caractar/Beachdachadh

3. Leugh sinn ann an Caibideil 6: '*Cha b' e duine mòr-chùiseach a bh' ann.*'

Seall mar an t-ùghdar a' dearbhadh seo dhan luchd-leughaidh air duilleag 24.

Ball-coise

4. '*Bha an liog caillte.*' (Du. 25 earr. 4)

Mìnich carson nach do shoirbhich le Celtic anns an liog.

Suidheachadh/Caractar

5. Seall cho dona 's a bha Delaney air a ghoirteachadh. (Du. 25 earr. 6)

Suidheachadh

6. Inns dè bha àbhaisteach agus neo-àbhaisteach mu thoiseach an ath sheusain.
(Du. 26 earr. 2)

Uile-gu-lèir

7. a. Nad bheachd-sa, dè na priomh phuingean a tha an t-ùghdar a' togail anns a' chaibideil seo? Mìnich do bheachd le fianais às an teacsa.
b. Tha e follaiseach gur e luchd-leantainn Celtic as motha aig am bi ùidh anns an leabhar *Rionnag Chailte*. Cò, a bharrachd orra-san, aig am biodh ùidh anns a' chaibideil seo? Mìnich do fhreagairt le fianais às an teacsa.

Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsa anns a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh,
cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|--------------|-----------|---|
| Duilleag 23: | Earrann 1 | buaireadh sgàil |
| | Earrann 2 | droinneadh |
| | Earrann 3 | iomairt deagh shunnd |
| Duilleag 24: | Earrann 1 | onghail luideagan |
| | Earrann 3 | rùn-diomhair |
| | Earrann 9 | air sioladh |
| Duilleag 25: | Earrann 2 | sìothchainnt |
| | Earrann 3 | a' maoidheadh connspaideach |
| | Earrann 4 | cis |
| | Earrann 6 | air a dhòrainneachadh |
| Duilleag 26: | Earrann 1 | daracha càbraid a' meòrachadh a' sior theannadh dlùth air fàire |
| | Earrann 4 | gu robh e air drùidheadh air na bha an làthair |

CAIBIDEIL 8: BLIADHNACHAN A' CHOGAIDH AGUS CRIONADH



Suidheachadh

1. Thoir geàrr-chunntas air a' bhuaidh a bh' aig a' chogadh air
 - a. ball-coise ann an Alba (*Du. 27, earr. 1 - 2*)
 - b. Calum Dòmhnaillach. (*Du. 27, earr. 3 - 4*)

Ball-coise

2. Seall mar a dhèilig Rangers agus Celtic ri buaidh a' chogaidh ann an dòighnean eadar-dhealaichte. (*Du. 27, earr. 5 - Du. 28, earr. 5*)
3. Thoir eisimpleirean air
 - a. cho iosal 's a bha staid sgioba Celtic tro bhliadhnanachan a' chogaidh (*Du. 28, earr. 5 / Du. 31, earr. 3 - 4*)
 - b. mar a chuir stiùirichean Celtic fhèin bacadh air adhartas an sgioba. (*Du. 29, earr. 1 - 3*)

Caractar

4. Thoir geàrr-chunntas air priomh bheachdan Jack McGinn air Calum. (*Du. 29, earr. 4 - 6*)

Beachdachadh

5. Beachdaich air ball-coise eadar-nàiseanta aig àm an dàrna cogaidh. Dè na rudan a tha a' cur iongnadh no annas ort mun t-suidheachadh a bh' ann? (*Du. 29, earr. 7 - Du. 31, earr. 2*)

Caractar

6. Seall dè dh'ionnsaich sinn mu charactar Chalum sa chaibideil seo. (*Du. 31, earr. 5 - Du. 32, earr. 3*)

Caractar/Beachdachadh

7. Le bhith a' togail air fianais duilleag 33, inns carson, nad bheachd-sa, a dh'fhàg Calum Celtic.

Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsa anns a bheil iad.
Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh,
cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|--------------|-----------|---|
| Duilleag 27: | Earrann 2 | coiteachadh riochdairean stràiceil lasachadh nas cuingealaichte |
| | Earrann 3 | na gàrraidhean-luing |
| Duilleag 28: | Earrann 1 | sanntach feallsanachd dleastanas greadhnachas |
| | Earrann 3 | lèirsinn |
| | Earrann 4 | piseach |

Àrd Ìre Adhartach

Eadar-theangaich na leanas

<http://www.whfp.com/2013/10/11/forgotten-star-of-south-uist-and-celtic>



CAIBIDEIL 9: CILLE MHEÀRNAIG AGUS BRENTFORD



Suidheachadh

- Seall mar a thug an Dàrna Cogadh droch buaidh air sgioba ball-coise Chille Mheàrnaig. (Du. 34, earr. 1 - 3)

Suidheachadh/Caractar

- Ainmich aon rud a bha sònraichte mu Chalum mar fhear a dh'obraich do Chille Mheàrnaig. (Du. 35, earr. 2)

Suidheachadh/Caractar/ Beachdachadh

- Seall carson nach robh e doirbh do Chalum tòiseachadh às ùr ann an Sasainn. (Du. 35, earr. 3 / Du. 36, earr. 2 - 3)

Suidheachadh/Beachachadh

- a. Thoir geàrr-chunntas air na thachair anns a' ghèam 'chonnspaideach' eadar Rangers agus Celtic ann an 1946 agus às a dhéidh. (Du. 35, earr. 4 - Du. 36, earr. 2)

b. Dè na faireachdainean a tha ag eirigh às na fhuair sinn a-mach mun t-suidheachadh seo?

Ball-coise/Caractar

- Dè na prìomh rusan a tha sinn a' faighinn a-mach mun luach a bha luchd-taic Celtic fhathast a' cur air Calum ged nach robh e a' cluich dhan sgioba tuilleadh? (Du. 36, earr. 4 / (Du. 36, earr. 6 - Du. 37, earr. 2)



Ball-coise/Caractar/ Beachdachadh

- Dè na puingean as cudromaiche a tha O' Henley a' déanamh a thaobh mar a chaidh do Chalum aig Brentford? (Du. 36, earr. 5)

Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsa anns a bheil iad.


Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh.

| | | |
|--------------|-----------|--|
| Duilleag 34: | Earrann 1 | úghdarrasan |
| | Earrann 2 | feachdan |
| | Earrann 3 | ionad-connaidh |
| | | luchdachadh |
| | Earrann 4 | air a dhol a dholaidh |
| | | sgrath |
| | | rèiteachadh |
| | | airgead-dìolaidh |
| | Earrann 4 | air a dhol ris a' bhruthach |
| Duilleag 35: | Earrann 3 | Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsa anns a bheil iad. |
| | Earrann 4 | Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh. |
| | Earrann 5 | Duilleag 34: Earrann 1 úghdarrasan |
| | | Earrann 2 feachdan |
| | | Earrann 3 ionad-connaidh |
| | | Earrann 4 luchdachadh |
| | Earrann 4 | air a dhol a dholaidh |
| | | sgrath |
| | | rèiteachadh |
| | | airgead-dìolaidh |
| | Earrann 4 | air a dhol ris a' bhruthach |
| Duilleag 35: | Earrann 3 | Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsa anns a bheil iad. |
| | Earrann 4 | Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh. |
| | Earrann 5 | Duilleag 34: Earrann 1 úghdarrasan |
| | | Earrann 2 feachdan |
| | | Earrann 3 ionad-connaidh |
| | | Earrann 4 luchdachadh |
| | Earrann 4 | air a dhol a dholaidh |
| | | sgrath |
| | | rèiteachadh |
| | | airgead-dìolaidh |
| | Earrann 4 | air a dhol ris a' bhruthach |
| Duilleag 36: | Earrann 1 | Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsa anns a bheil iad. |
| | Earrann 4 | Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh. |
| | Earrann 5 | Duilleag 34: Earrann 1 úghdarrasan |
| | | Earrann 2 feachdan |
| | | Earrann 3 ionad-connaidh |
| | | Earrann 4 luchdachadh |
| | Earrann 1 | air a dhol a dholaidh |
| | | sgrath |
| | | rèiteachadh |
| | | airgead-dìolaidh |
| | Earrann 1 | air a dhol ris a' bhruthach |
| Duilleag 37: | Earrann 6 | Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsa anns a bheil iad. |
| | Earrann 1 | Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh. |
| | | Duilleag 34: Earrann 1 úghdarrasan |
| | | Earrann 2 feachdan |
| | | Earrann 3 ionad-connaidh |
| | | Earrann 4 luchdachadh |
| | | Earrann 5 air a dhol a dholaidh |
| | | sgrath |
| | | rèiteachadh |
| | | airgead-dìolaidh |
| | Earrann 1 | air a dhol ris a' bhruthach |

Àrd Ìre Adhartach

Èist ris a' chiad dà earrainn den chaibideil seo ('Goirid às dèidh ... leis na bh' oirre de dh'uisge' agus eadar theangaich iad dhan Bheurla.

CAIBIDEIL 10: CALUM AM MANAIDSEAR



Suidheachadh/Ball-coise

1. Thoir gèarr-chunntas air an t-suidheachadh anns an robh Cille Mheàrnaig aig deireadh seusan 1949/50. (*Du. 38, earr. 1*)

Beachdachadh/Caractar

2. ‘... nuair a thàinig e gu bhith a’ dèanamh suas inntinn tilleadh gu Pàirc Rugby’
(*Du. 38, earr. 4*)

Le bhith a’ togail air an earrainn seo, mìnich carson nad bheachd-sa a thill Calum a Chille Mheàrnaig.

Suidheachadh/Ball-coise

3. Seall, le eisimpleirean, mar a bha a’ chiad dhà no trì bhliadhnaagan aig Cille Mheàrnaig doirbh do Chalum.
(*Du. 38, earr. 5 - Du. 39, earr. 2*)

Caractar/Ball-coise

4. ‘Feallsanachd ... prionnsabalan’
(*Du. 39, earr. 4 - 5*)

Le bhith a’ togail air na h-earrannan seo, seall mar a chuir Calum an fheallsanachd agus na prionnsabalan aige an gniomh.

5. Le bhith a’ togail air na h-earrannan a leanas, thoir gèarr-chunntas air caractar Chaluim:
 - a. mar eòlaiche ball-coise adhartach
(*Du. 40, earr. 5 - Du. 41, earr. 3 / Du. 42, earr. 4*)
 - b. mar mhanaidsear làidir a sheasadh còraichean a sgioba
(*Du. 41, earr. 4 - Du. 42, earr. 1*)
 - c. mar fhear aig an robh ‘gibhtean labhairt’.
(*Du. 42, earr. 2 & 6*)
 - d. mar dhuine onarach. (*Du. 44, earr. 4*)

CAIBIDEIL 10: CALUM AM MANAIDSEAR



Suidheachadh/Ball-coise

6. 'Bha e follaiseach gun robh Killie a-nis air an slighe suas fo stiùir Chaluim.'
Thoir gearr-chunntas air mar a shoirbhich le Cille Mheàrnaig air an raon ball-coise eadar 1950 agus 1957.
(Du. 39, earr. 6 - Du. 40, earr. 1 / Du. 40, earr. 4 / Du. 42, earr. 2 / Du. 43, earr. 2 - Du. 44, earr. 1)

Cànan

7. 'S e buille uamhasach a bh' ann ... dhan mhanaidsear ... a bha air obrachadh cho cruaidh airson an club a thoirt gu iomall nan airdean.'

Le bhith a' togail air na h-earrannan seo
(Du. 44, earr. 1-2), minich brigh an t-seantans seo.



Àrd Ìre Adhartach

Leugh an aithisg a leanas agus
eadar-theangaich pios dhith dhan Ghàidhlig.
http://www.killiefc.com/en/malkymcdonald_49710/

Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhineachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacs a anns a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh. Feuch ri na faclan seo ionnsachadh mura robh thu eòlach orra roimhe seo.

| | | |
|--------------|-----------|-------------------------|
| Duilleag 38: | Earrann 1 | a' siaranachadh |
| Duilleag 39: | Earrann 2 | lionra |
| | | air iasad |
| | Earrann 3 | air aoigheachd |
| | Earrann 4 | na greamachan aona |
| | | ghnothaich grinneas |
| | Earrann 5 | càineadh |
| | Earrann 6 | mean air mhean |
| Duilleag 40: | Earrann 2 | mionnaichte |
| Duilleag 41: | Earrann 2 | ollamh oilthighe |
| | Earrann 4 | an t-alt |
| | | cais |
| | | ana-ceartas |
| | Earrann 5 | èifeachdas |
| | | leth-bhreith |
| | Earrann 6 | ìobairt-loisgte |
| Duilleag 42: | Earrann 2 | air dheuchainn |
| | | còraichean |
| Duilleag 43: | Earrann 2 | cuidheas |
| | Earrann 3 | tost |
| | Earrann 5 | sòlas |
| | | diriseach |
| | | moineiseachadh |
| | Earrann 6 | gonadh |
| | | air fàire |
| Duilleag 43: | Earrann 3 | tomhas de dhioghaltas |
| | Earrann 4 | bliadhna ionmhais |
| | | teachd a-steach |
| | | chaidh 'urram bhlàth' a |
| | | bhuileachadh air ... |

CAIBIDEIL 11: SÌOS IS SUAS AIG BRENTFORD



Suidheachadh/Ball-coise

1. 'Agus sa chiad sheusan sin bha adhbharan gu leòr aig an luchd-taic deoch-shlàinte Chaluim a ghabhail.' (Du. 45, earr. 2 - 4)

Thoir geàrr-chunntas air mar a chaidh do Brentford ann an seusan 1957/58.

Caractar/Beachdachadh

2. Nad bheachd-sa, dè na puingean as cudromaiche, a thog George Sands mu charactar Chaluim? Cleachd fianais às na h-earrannan seo nad fhreagairt. (Du. 45, earr. 5 - Du. 46, earr. 2)

Suidheachadh/Ball-coise

3. 'Bha nas miosa ri thighinn' (Du. 46, earr. 3 - 7)

Carson a chaidh Brentford air ais eadar eadar 1959 agus 1962 às dèidh dhaibh a bhith cho soirbheachail ann an 1958/59?

4. 'Dh'fhosgail iad an sporan ... '

Thoir geàrr-chunntas air an dà sheusan gu leth eile a bha Calum os cionn sgioba Brentford. (Du. 47, earr. 1 - Du. 48, earr. 1)

Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhineachadh le bhith a' sgrùedad a' cho-theacsa anns a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhèanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh. Feuch ri na faclan seo ionnsachadh mura robh thu eòlach orra roimhe seo

| | | |
|--------------|-----------|---------------|
| Duilleag 45: | Earrann 3 | àrach |
| | Earrann 4 | air èigin |
| | | searchas |
| Duilleag 46: | Earrann 2 | feannadh |
| | | mìorailt |
| | Earrann 3 | deagh rùn |
| | | fo chuideam |
| | | an aon duan |
| | | crònadh |
| | Earrann 4 | na annas |
| Duilleag 47: | Earrann 2 | cruinn-leum |
| | Earrann 5 | comharrachadh |
| | | eadar-amail |

Àrd Ìre Adhartach

Èist ris a' chiad dà earrainn den chaibideil seo ('Cha robh fada ... gu ... airson gèam cudromach a thilgeil') agus eadar theangaich iad dhan Bheurla.



CAIBIDEIL 12: AIR AIS GU CILLE MHEÀRNAIG, ALBA AGUS GLÒIR SAN ROIÑN EÒRPA



Suidheachadh/Ball-coise

1. Mìnich carson a bha fior dhùbhlan ro Chalum nuair a thill e gu Cille Mheàrnaig.
(Du. 49, earr. 1 - 3)
2. 'B' e turas eagalach gu àite fad às a bh' ann'.

Thoir geàrr-chunntas air na rudan a bu dorra agus a b' eagalaiche a dh'fhiorsraich sgioba Chille Mheàrnaig ann an Albàinie.
(Du. 49, earr. 4 - Du. 51, earr. 4)

Cànan/Beachdachadh

3. a. *Tha e ag innse an t-uamhas dhuinn mu sheasamh ball-coise na h-Alba aig an àm gun robh cùisean caran dubhach an lèarna-mhàireach sna pàipearan-naidheachd.*
3. b. Seall gun robh na pàipearan ceart a thaobh 'seasamh ball-coise na h-Alba aig an àm' le bhith a' togail air an earrann a leanas:
(Du. 52, earr. 6)

Mìnich an seantans seo le bhith a' togail air na h-earrannan seo:
(Du. 51, earr. 6 - Du. 52, earr. 4)

Suidheachadh/Ball-coise

4. Thoir geàrr-chunntas air na prìomh rudan a dh'ionnsaich thu mun ùine a chuir Calum seachad mar mhanaidsear na h-Alba.
(Du. 53, earr. 2 - Du. 54, earr. 6)
5. Le bhith a' togail air na h-earrannan a leanas, thoir do bheachd air soirbheachadh Chille Mheàrnaig ann an 1966/67.
(Du. 54, earr. 7 - Du. 55, earr. 7)

Feuch ri na faclan/abairtean seo a mhìneachadh le bhith a' sgrùdadh a' cho-theacsa anns a bheil iad.

Mura h-urrainn dhut seo a dhéanamh, cleachd Faclair na Sgoile gus do chuideachadh. Feuch ri na faclan seo ionnsachadh mura robh thu eòlach orra roimhe seo

| | | |
|--------------|-----------|------------------------|
| Duilleag 49: | Earrann 1 | eagal am mionach |
| | Earrann 2 | bunait |
| | | cliùteach |
| | | gaisgeachd |
| Duilleag 50: | Earrann 2 | arbhar is cruithneachd |
| | Earrann 4 | tosgaire |
| | | cùilteireachd |
| | Earrann 6 | rianadairean |
| | | air an dòchann |
| | | bruthainneach |
| | Earrann 8 | a' braonadh |
| | | tèaraainteachd |
| Duilleag 51: | Earrann 2 | tàladh |
| | Earrann 6 | èifeachdas |
| Duilleag 52: | Earrann 1 | conspaid |
| | Earrann 2 | a' toirt fa-near |
| | | uaibhreach |
| | Earrann 5 | aig roid |
| Duilleag 53: | Earrann 2 | chaidh urram eile a |
| | Earrann 5 | bhuileachadh air Calum |
| | | tiamhaidh |
| | | ocrach |
| | | stuagh |
| Duilleag 54: | Earrann 3 | a' dubhadh a-mach |
| | Earrann 4 | air a dhaingeachadh |
| | Earrann 6 | culaidh-mhagaidh |
| Duilleag 55: | Earrann 2 | an daor cheannach |
| | Earrann 7 | linn |
| Duilleag 56: | Earrann 2 | aithne |
| | Earrann 3 | dileab |

Àrd Ìre Adhartach

Leugh an aithisg a leanas agus eadar-theangaich
piòs dhith dhan Ghàidhlig.

https://en.wikipedia.org/wiki/1966–67_in_Scottish_football



MEASADH ÈISTEACHD: CAIBIDEIL 13: TILLEADH DHACHAIGH



Fiosrachadh measaidh nan oileanach

Tha am measadh seo airson an Aonaid agus nam Builean a leanas:

**Gàidhlig: Mion-sgrùdadadh is luachadh
(An Àrd Ìre Adhartach) — èisteachd**

Buil 1

Bidh thusa:

**A' tuigse, a' mion-sgrùdadadh is a' luachadh
tro labhairt mionaideach is toinnte Gàidhlig le
bhith:**

1. A' sònachadh is a' mìneachadh an adhbhair is an luchd-èisteachd
2. A' sònachadh is a' mìneachadh nam prìomh bheachdan is nam mion-phuingean taiceil
3. A' cleachdadadh eòlas is tuigse càinair airson brìgh is buaidh a mhìneachadh ann an doimhneachd agus gu mionaideach.

Innsidh an neach-measaidh dhut dè tha agad ri dhèanamh agus ciamar a nì thu e.

Airson a bhith soirbheachail anns a' mheasadh seo, feumaidh tu:

- Tuigse, Mion-sgrùdadadh agus Luachadh a shealltainn air teacsa air a labhairt, ann an co-theacsa litreachais.

MEASADH ÈISTEACHD: CAIBIDEIL 13: TILLEADH DHACHAIGH



Cluinnidh tu geàrr-chunntas de Chaibideil 13.

Èist ris agus, an uair sin, freagair na ceistean a leanas.

Faodaidh tu an earrann a stad uair sam bith gus notaichean a dhèanamh 's a thòiseachadh a-rithist. Faodaidh tu cuideachd an earrann a ghluasad air ais no air adhart.

Èist ri 'As dèidh an t-seusain ... rinn e an aon obair airson Celtic cuideachd'.

1. Le bhith a' cleachdadhl fianais às a' phios seo den earrainn, beachdaich air na tha sinn ag ionnsachadh mu nàdar Chaluim.

Èist ri 'Bhiodh Calum 'a' tilleadh dhachaigh... is e ochdad bliadhna 's a còig'.

2. Le bhith a' cleachdadhl fianais às a' phios seo den earrainn, beachdaich air na bha cudromach do Chalum na bheatha.

Èist ri "S e beatha iongantach... mar Chalum Dòmhnullach aig Celtic.'

3. Le bhith a' togail air a' phios seo den earrainn, inns dè na priomh phuingean a th' aig an neach-labhairt.

Èist ri 'Bidh ainm gu bràth... cho faisg air a chridhe fhèin, Celtic.'

4. Thoir geàrr-chunntas air na beachdan a bh' aig Jack McGinn air Calum.

Uile-gu-lèir:

5. a. Tha iomadh neach-èisteachd dham biodh an earrann seo freagarrach. Minich co-dhiù aon seòrsa neach-èisteachd. Minich carson a bhiodh i freagarrach, a' cleachdadhl fianais bhon earrainn.
- b. Minich carson a chaidh an earrann seo a chlàradh agus inns dè cho èifeachdach 's a tha i ann a bhith a' dèanamh seo. Cleachd fianais às an earrainn airson taic a thoirt don fhreagairt agad.
- c. Dè cho freagarrach 's a bha an stoidhle a chleachd an neach-labhairt ann a bhith a' toirt seachad an fiosrachaidh? Inns mu co-dhiù a dhà de na stoidhlichean a chleachd an neach-labhairt tron earrainn. Faodaidh tu iomradh a thoirt air cuid de na stoidhlichean anns an liosta gu h-ìosal no stoidhlichean iomchaidh sam bith eile:
 - iomhaigheachd
 - tòna
 - taghadh fhaclan
 - structar seantans
 - fiosrachadh sònraichte

CAIBIDEIL 13: EARRANN-ÈISTEACHD TILLEADH DHACHAIGH

Às dèidh an t-seusain a bu shoirbheachaile a bh' aca riamh san Roinn Eòrpa, tha fios gun do ghoirtich e Calum gu mòr obair a chall aig Cille Mheàrnaig. Ach ma bha droch fhaireachdainn sam bith aige dha na stiùirichean a chuir às an obair e, cha do sheall e riamh e.

Cha robh Calum ag iarraidh obair mhanaidseir eile. Mar a thuirt e fhèin: '*Tha mi cinnteach nach e deagh rud a bhiodh ann an t-uallach sin a ghabhail orm fhèin a-rithist.*' An àite sin, roghnaich e dreuchd ùr a chruthachadh dha fhèin is e a' cleachdadadh nan teisteanasan 'physiotherapy' agus 'chiropody' a thog e an uair a bha e aig Brentford. Chùm e air ag obair gus an robh e suas anns na seachdadán. Aig an aon àm bha e ag obair airson Tottenham Hotspur mar 'scout' gu 1975 agus airson còig bliadhna às dèidh sin rinn e an aon obair airson Celtic cuideachd.

Bhiodh Calum 'a' tilleadh dhachaigh' a dh'Uibhist a Deas gu tric sna bliadhnaichean às dèidh dha a dhreuchd a leigil dheth. An uair a bha e air ceann a' ghnothaich mar chluicheadair is mar mhanaidsear cha robh seo cho furasta dha ach bha barrachd tide aige a-nis is bhiodh Calum a' dol ann le chlann fhèin agus na h-oghaichean. Fhad's a bhiodh an còrr air falbh a champachadh no ag iasgach, thadhaileadh Calum air na seann làraich – seann chroit teaghlaich athar agus Loch Baghasdail far an do chuir a phàrantan seachad na bliadhnaichean mu dheireadh dhem beatha. Chuir Calum fhèin seachad na bliadhnaichean mu dheireadh dhe bheatha ann an Àird Rosain airson a bhith faisg air an nighinn aige Eilidh, a mhac-cèile Seumas is an teaghlaich aca. Bha e a' fuireach sa bhaile sin gus an do chaochail e ann an 1999 is e ochdad bliadhna 's a còig.

'S e beatha iongantach a bh' aig Calum, fear a rugadh gu pàrantan bochda a b' fheudar Uibhist a Deas fhàgail gus obair agus dòigh-beatha na b' fheàrr fhaighinn ann an cùiltean Garngad. Gu h-annasach thaig Celtic, club a chaidh a stèidheachadh airson clann bhochda taobh sear Ghlaschu a bhiathadh, slighe a-mach à bochdainn dhan Ghàidheal òg agus bheireadh Celtic àrd-ùrlar dha a chuid sgilean a thaisbeanadh mar fhear de na cluicheadairean as fheàrr riamh a chuir air an lèine ainmeil uaine is geal.

Dhan fheadhainn a bha fortanach gu leòr Calum fhaicinn a' cluiche, bruidhnidh iad mun dòigh chiùin agus mun ghràs leis an do chluich e an gèam. Bha àite sònraichte aig Cille Mheàrnaig agus Brentford far an robh e na chluicheadair, na choidse agus na mhanaidsear na chridhe: gu sònraichte Cille Mheàrnaig às dèidh dha an toirt a-mach às an fhàsach agus na h-oidhcheannan Eòrpach a b' fheàrr a chunnaic iad riamh a thoirt dhaibh ann an dà gheiris mar mhanaidsear aig Pàirc Rugby. Ach mar a thuirt Calum fhèin: '*Tha mi ag iarraidh oirbh gun a bhith a' smaointinn orm mar Dhòmhnullach Chille Mheàrnaig no Dòmhnullach Brentford ach mar Chalum Dòmhnullach aig Celtic.*'

Bidh ainm gu bràth co-cheangailte ri Celtic agus an sàr sgioba a ghlèidh duais Taisbeanadh na h-Ìmpireachd ann an 1938. 'S mòr am beud gun do chaill e na bliadhnaichean a b' fheàrr mar chluicheadair tro bhliadhnan an Dara Cogaidh. Ach airson ginealach Jack McGinn, seann chathraiche Celtic agus Ceann-suidhe Comann Ball-coise na h-Alba, bidh e gu siorraidh taingeil gun do chuir Calum na bliadhnaichean a b' fheàrr seachad aig Celtic. Agus bu chòir am facial mu dheireadh fhàgail aig McGinn a tha a' toirt an urraim as mothà do Chalum Dòmhnullach. *'Chan eil teagamh sam bith nach e Calum an cluicheadair as fheàrr a chunnaic mise riamh nam bheatha. Tha fios agam gu bheil iomadach sàr chluicheadair eile air a bhith aig Celtic, daoine leithid Jimmy Johnstone agus Henrik Larsson. Ach cia mheud aca a chluich sa h-uile àite air feadh na pàirce agus a chluich cho math ri Calum? Cha do chluich gin. Dh'fhaodadh Calum a bhith air coiseachd a-staigh do sgioba sam bith aig Celtic, na Lisbon Lions nam measg. Mar sin, thèid mise dhan uaigh ag ràdh gur e Calum Dòmhnullach an cluicheadair as fheàrr a chunnaic mi riamh.'*

Abair moladh dhan Deasach urramach, an rionnag chaillte a chuir a chomharra shònraichte fhèin air eachdraidh ball-coise na h-Alba agus Shasainn ach gu seachd àraid air a' chlub a bha cho faisg air a chridhe fhèin, Celtic.

CAIBIDEIL 13: EARRANN-EISTEACHD TILLEADH DHACHAIGH



Measadh Labhairt

Fiosrachadh measaidh nan oilleanach

Tha am measadh seo airson an Aonaid agus nam Builean a leanas:

Gàidhlig: Dèanamh is Cruthachadh (An Àrd Ìre) — labhairt

Bidh thusa:

A' gabhail pàirt ann an conaltradh no òraid sa Ghàidhlig a tha mionaideach is toinnte le bhith:

1. A' taghadh bheachdan is stuth mionaideach, le cruth is structar, freagarrach do adhbhar is luchd-èisteachd
2. A' cleachdadadh eòlas mu chànan a thaobh rogha càinain
3. A' soilleireachadh brigh air a' chiad èisteachd
4. A' cleachdadadh dhòighean mionaideach conaltraidh gun fhaclan

Innsidh an neach-measaidh dhut dè th' agad ri dhèanamh agus mar a nì thu e.

Airson a bhith soirbheachail anns a' mheasadh seo, feumaidh tu:

- Còmhradh a chumail ann an co-theacs a cultair.

Tha na diofar thiotalan h-ìosal uile co-cheangailte ri cultar na h-Alba:

'S e gniomhachas seach spòrs a th' ann am ball-coise san latha an-diugh.

Chan eil na gaisgich a th' againn an-diugh cho faisg air na daoine cumanta's a bha iad uaireigin.

Feumaidh ar cultar atharrachadh ma tha luchd-spòrs den ire as àirde gu bhith againn a-rithist.

Tagh aon de na trì tiotalan gu h-àrd.

An uair sin, roghnaich dè an seòrsa labhairt a nì thu: òraid, deasbad no còmhradh-buidhne

A. Òraid

A bheil thu ag aontachadh ris an tiotal a thagh thu?

Carson a tha thu den bheachd sin?

Ullaich notaichean agus dèan òraid air beulaibh a' clasa.

Faodaidh tu *Powerpoint* a chleachdadadh gus taic a thoirt don òraid. Cha bu chòir dhut barrachd air 40 facal de notaichean a chleachdadadh.

B. Deasbad

Cùmaibh deasbad air a' mholadh a thagh thu:


Bidh aonan no dithis airson a' mholaidh seo. Bidh aonan no dithis na aghaidh.

C. Còmhradh ann am Buidheann

Beachdaich air a' chuspair a thagh thu ann an còmhradh buidhne:

Feuch gun dèan thu rannsachadh air a' chuspair an toiseach. Dèan cinnteach cuideachd gun cuir thu gu mòr ris a' chòmhradh.

CAIBIDEIL 13: EARRANN-EISTEACHD TILLEADH DHACHAIGH



Measadh Sgrìobhaidh

Fiosrachadh measaidh nan oileanach

Tha am measadh seo airson an Aonaid agus nam Builean a leanas:

**Gàidhlig: Dèanamh is Cruthachadh
(An Àrd Ìre) — sgriobhadh**

Bidh thu:

2. A' dèanamh theacsainean mionaideach is toinnte sgrìobhte ann an Gàidhlig le bhith:
- 2.1 A' taghadh bheachdan is stuth mionaideach, le cruth is structar, freagarrach do adhbhar is luchd-leughaidh
- 2.2 A' cleachdadh eòlas mu chànan a thaobh rogha càinain agus a tha coileanta gu teicnigeach
- 2.3 A' soilleireachadh brìgh air a' chiad leughadh

Innsidh an neach-measaidh dhut dè th' agad ri dhèanamh agus mar a nì thu e.

Airson a bhith soirbheachail anns a' mheasadh seo, feumaidh tu:

- Aiste a sgrìobhadh ann an co-theacsu cultair.

Tha na diofar chuspairean gu h-iosal uile co-cheangailte ri cultar na h-Alba:

- a. An t-Albannach as mothà às a bheil mi moiteil.
- b. Tha geamannan spòrs air a' choimpiutair nas tarraigiche na spòrs fhèin.
- c. Sgriobh aithisg spòrs airson pàipearnaidheachd ionadail no nàiseanta.
- d. "A' chuairt dheireannach." Inns mar a thachair.
- e. Sgriobh lèirmheas air an leabhar 'Rionnag Chaillte'.

Sgriobh mu **aon** de na cuspairean gu h-àrd.